

## **Gnìomh 4 – Rannsachadh (2)**

An do rinn daoine san teaghlach agad fhèin eilthireachd gu dùthaich no dùthchannan eile? Ma rinn, dèan rannsachadh air co-dhiù aon dhiubh le a bhith a' cur cheistean air do phàrantan no air daoine eile, agus le a bhith a' coimhead air litrichean agus pàipearan eile ma tha iad agaibh. Tarraing craobh ghinealaich a' sealltainn a' chàirdeis eadar thu fhèin agus an duine (no na daoine) a rinn imrich, agus feuch am faigh thu freagairtean dha na ceistean a leanas:

1. Dè an t-ainm a bh' air an duine (no na daoine)?
2. Cuin a rinn iad imrich?
3. Dè an aois a bha iad an uairsin?
4. Carson a dh'fhàg iad Alba?
5. Càit an deach iad?
6. Dè an obair a bh' aca thall an sin?
7. Ciamar a shoirbhich leotha san dùthaich ùir?
8. An do thill iad gu Alba idir às dèidh dhaibh imrich a dhèanamh?
9. Dè am fianais a th' agaibh orra? (litrichean, tiodhlacan, dealbhan is msaa, no dìreach na cuimhneachain aig daoine a bha eòlach orra no a chuala mun deidhinn?)